



AN COMUNN GÀIDHEALACH ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

SULTAIN 2020 / SEPTEMBER 2020

AM MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL AIR LOIDHNE 9-17 DÀMHAIR 2020

Tha e na thlachd don Chomunn Gàidhealach foillseachadh gun tèid dreach air loidhne den Mhòd Nàiseanta Rìoghail a chumail eadar 9-17 den Dàmhair.

Bha dùil ri Mòd na bliadhna sa ann an Inbhir Nis, ach, mar thoireadh air a' Choròna Bhìoras, b' fheudar a chur dheth. Tha am Mòd a' dol air adhart ann an cruth eadar dhealaichte ge-tà; air loidhne, far am bithear a' taisbeanadh agus a' comharrachadh nan ealan Gàidhlig.

Bidh bhideothan bho chuid den chlann agus inbhich a ghabh pàirt rim faicinn tro sheachdain a' Mhòid air loidhne. Thèid prògramman a chraoladh gach latha tro na seanalan digiteach aig a' Chomunn Ghàidhealach.

Thuir Àrd-oifigear a' Chomuinn, Seumas Greumach, "S e togail inntinn dha-rìreabh a th'anns an àireamh de bhideothan a chuireadh thugainn, gu sònraichte aig àm cho dùbhlannach, nuair a bha sgoiltean is eile dùinte. Fhuairas còrr air 500 bhideo, le grunn dhiubh air tighinn à dùthchannan thall-thairis, leithid Ameirigeadh, Amerigeadh a Deas, Canada, a' Chuimrigh agus Sasainn."

A thuilleadh air a bhith a' taisbeanadh bhideothan cuid den fheadhainn a ghabh pàirt am bliadhna, bidh sreath de thachartasan eile ri faicinn 's ri chluinntinn. Tha An Comunn air a bhith ag obair còmhla ri buidhnean leithid Film G, Comhairle nan Leabhraichean, Acair, Fèisean nan Gàidheal, Còmhlan Pìoba Òigridh Nàiseanta na h-Alba agus luchd-ealain eile gus prògraman tarraingeach a chruthachadh. Thèid tuilleadh fiosrachaidh mu na tachartasan seo foillseachadh air meadhanan sòisealta a' Chomuinn ann an ùine gun a bhith fada.

Thuir Ailean Caimbeul, Ceann-Suidhe a' Chomuinn, "A dh' aoindeoin nan duilgheadasan a tha a' toirt buaidh air na h-ealain, 's e adhbhar tlachd is toileachas a th' ann coimhearsnachd na Gàidhlig a thoirt còmhla airson cultar agus ar cànan luachmhor a chleachdadh agus a chomharrachadh. Tha an suidheachadh seo a' toirt cothrom dhuinn a bhith a' smaoinichadh ann an dòighean nas cruthachail, a bhios gu maith a' chànain is a' chultar."

Tha An Comunn Gàidhealach toilichte a bhith ag obair ann an co-bhann le BBC ALBA a bhios cuideachd a' craoladh phrògraman rè seachdain a' Mhòid. Thèid prògramman telebhisean a chraoladh gach oidhche aig 2100, Diluain 12mh-Dihaoine 16mh Dàmhair. Bidh prògraman ri chluinntinn air Radio nan Gàidheal cuideachd a bheir blasad de dh' fhaireachdainn a' Mhòid thugaibh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh fhaotainn air Mòd Nàiseanta Rìoghail air Loidhne 2020, tadhlaibh air <http://www.ancomunn.co.uk/agus> www.facebook.com/RoyalNationalMod, cuiribh fios gu info@ancomunn.co.uk, neo fòn 01463 709705.



THE VIRTUAL ROYAL NATIONAL MÒD 9-17 OCTOBER 2020

An Comunn Gàidhealach are delighted to announce that The Royal National Mòd 2020 will take place online from 9-17 October.

This year's Royal National Mòd was due to take place in Inverness, however, in response to the COVID-19 epidemic, event organiser's An Comunn Gàidhealach took the decision to cancel the event and move it online. The online version of the event will allow people to enjoy and celebrate Gaelic language and culture despite the cancellation of the Inverness event.

The event will showcase a range of performances from children and adults that have participated online this year. Compilation programmes showcasing the performances will be broadcasting each day of the Mòd via An Comunn Gàidhealach's social media channels.

An Comunn's Chief Executive, James Graham, said, "We have been blown away by the effort that participants have made by creating videos and submitting their performances, especially during such a challenging time when schools were closed. To date, we have received well over five hundred entries with a rise in International participants from as far afield as America, South America, Canada, Wales and England."

In addition to showcasing participant performances, a programme of exciting online events is planned to run alongside the online celebration. An Comunn Gàidhealach have been working with organisation's such as Film G, Comhairle nan Leabhraichean, Acair, Fèisean nan Gàidheal, The National Youth Pipe Band and other leading artists and musicians in order to develop a busy programme of events. Further details on a programme of events will be released in due course.

Allan Campbell, President of An Comunn Gàidhealach said, "We are excited to be able to engage with audiences in this way, and celebrate our language and culture despite the current challenges facing the Arts. The current situation in which we find ourselves presents opportunities to be creative and engage with others using a different approach and the online Mòd is an example of this."

An Comunn Gàidhealach are also delighted to announce that BBC ALBA will broadcast special Mòd programmes on the BBC ALBA channel during Mòd week. Programmes will be broadcast each evening at 2100, Monday 12-Friday 16 October. In keeping with tradition, BBC Radio nan Gàidheal will also deliver radio content throughout the week to create a true Mòd spirit.

To find out more information on The Royal National Mòd Online 2020 event visit www.ancomunn.co.uk and www.facebook.com/RoyalNationalMod, or contact info@ancomunn.co.uk, Tel. 01463 709705.



Donate to
An Comunn
Gaidhealach

#cleachdi
aigantaigh🏠



Tòisichidh am Mòd Nàiseanta Rìoghail Air-Loidhne air Dihaoine 9mh den Dàmhair aig 7.30f, le cuirm shònraichte ga chumail air an oidhche sin. Feuch gun tig sibh còmhla rinn airson sàr oidhche de cheòl, òrain agus còmhradh!

Tha sinn a' cur crìoch air prògram lomall a' Mhòid Air-loidhne, tha tòrr thachartasan gu bhith againn dhuibh thairis air an t-seachdain. Cumaibh sùil air na meadhanan sòisealta againn airson tuilleadh fiosrachadh!

The Virtual Royal National Mod will commence on Friday 9th October at 7.30pm, with a special online launch night. Tune in for a fabulous night of music, song and chat!

Be sure to join us for what should be a fabulous week!

We are currently putting the final touches to the Virtual Mod Fringe programme. We will be bringing you lots of events throughout the week! Keep an eye on our social media pages for further details



Moiteil taic a chur ris a' Mhòd air loidhne



**Thigibh chun Mhòid Nàiseanta Rìoghail air loidhne
am bliadhna comhla ri Caledonian Mac a' Bhriuthainn**



Caledonian Mac a' Bhriuthainn®

Bàtaichean-aiseig nan eilean is Chluaidh

www.calmac.co.uk

CALEDONIAN MAC A' BHRUTHAINN

Tha An Comunn Gàidhealach toilichte gu bheil Caledonian Mac a' Bhruthainn a' toirt taic dhan Mhòd Nàiseanta Rìoghail Air-loidhne.

#VirtualMod #ancomunnghaidhealach #gaidhlig #gaelic #calmac #cleachdiaigantaigh

<https://www.facebook.com/418249531565470/videos/625030388185>



CALEDONIAN MACBRAYNE

An Comunn Gàidhealach is delighted to have Cal Mac supporting the Virtual Royal National Mod.

Take a look at the Cal Mac Song, 'Home on the Sea' - nach eil e àlainn!

Produced by:

Caledonian MacBrayne
Double Take Projections
Frame

Photography by:

Adam Robertson

Music & Lyrics by:

MacPhail & Robertson

Performed by:

Skipinnish

<https://www.facebook.com/418249531565470/videos/625030388185015>



www.calmac.co.uk

SUIL AIR AIS AIR TAIGH CÈILIDH A' MHÒID

Chaidh an Taigh Cèilidh mu dheireadh den t-sreath a chumail na bu thràithe air a mhìos seo. Thairis air na mìosan a chaidh seachad, thug sinn thugaibh 5 cèilidhean, far an cuala sinn measgachadh de sheinneadairean a bhuannaich Buinn Òir a' Chomuinn, Buinn Òir an t-Seann Nòis agus air a mhìos seo fhèin, chunnaic sinn taghadh de chòisirean Gàidhlig a choisinn duaisean thairis air na bliadhnaichean.

Mur a d' fhuair sibh cothrom na cèilidhean fhaicinn aig an àm, no ma tha sibh airson am faicinn a-rithist, tadhlaibh air duilleag [Facebook a' Mhòid](#) no air an [seanal YouTube](#) againn.

A LOOK BACK AT THE TAIGH CÈILIDH A' MHÒID SERIES

The final Taigh Cèilidh a' Mhòid of the series took place earlier this month. Throughout the series we brought you 5 ceilidhs featuring singers who have won the An Comunn Gàidhealach Gold Medal and the Traditional Gold Medal as well as performances from some of the senior Gaelic choirs over the years.

If you missed the ceilidhs at the time or if you would like to watch them again, just visit the [Mod Facebook page](#) or our [YouTube channel](#).



Donate to
An Comunn
Gaidhealach

#cleachdi
aigantaigh


BÒRD NA GÀIDHLIG

Tron ghlasadh-sluaigh, thug ar cànan agus ar ceòl togail is toileachas do dh'iomadh duine. Chunnaic sinn cho cudromach 's a tha an cultar againn ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil daoine a' tighinn còmhla ann an dòighean gu tur eadar-dhealaichte agus mar thoradh, a bhith a' neartachadh coimhearsnachd na Gàidhlig.

A dh'aindeoin an dùbhlain thiamhaidh a tha COVID-19 air adhbharachadh, tha an staing air daoine a bhrosnachadh gus a bhith innleachdail agus sgilean ùra ionnsachadh, a' toirt a-steach nam miltean a thog a' Ghàidhlig. Tha na mìosan a chaidh seachad air cothroman ùra a thabhann airson barrachd cheanglaichean ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta às dèidh a' ghlasaidh a dhèanamh.

Tha cultar air a bhith aig cridhe gar toirt còmhla rè na h-ùine seo, agus togaidh am Mòd Air Loidhne air seo agus brosnachidh e an luchd-amhairc gus #cleachdi agus a bhith a' bruidhinn a' chànain.

Tha Bòrd na Gàidhlig toilichte taic a chumail ris a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail uair eile, cuide ris A' Chomunn Ghàidhealach, Comhairle na Gàidhealtachd, Caledonian Mac a' Bhruthainn agus Riaghaltas na h-Alba. Tha sinn a' guidhe gach soirbheachas dhan a h-uile duine a tha an sàs anns na co-fharpaisean is tachartasan air loidhne am-bliadhna agus tha sinn làn an dòchas gum bi sinn uile còmhla an ath bhliadhna ann an Inbhir Nis.



#cleachdi
aigantaigh

BÒRD NA GÀIDHLIG

Throughout lockdown, our language and our culture brought joy and a sense of belonging to many people across the world. We saw how important our culture was in bringing people together and as a result, acted as a meeting point for the Gaelic community.

Despite the obvious and tragic challenges that COVID-19 has caused, the crisis has encouraged people to innovate and learn new skills, including thousands taking up the Gaelic language. The last few months has presented new opportunities for greater connections in Scotland and internationally post-lockdown.

Culture has been at the heart of bringing us together during this time, and the Virtual Mòd will build on that and encourage those watching with Gaelic to #useit / #cleachdi and interact with each other in the language.

Bòrd na Gàidhlig is delighted to continue our support of the Royal National Mòd, in partnership with An Comunn Gàidhealach, Highland Council, Caledonian MacBrayne and The Scottish Government. We wish the very best to all those taking part this year and we hope that we can welcome you all in person to Inverness in 2021.




www.gaidhlig.scot

MÒD AIR-LOIDHNE

Ma tha ceistean sam bith agaibh a thaobh am Mòd Air-loidhne, cuiribh fios thugainn tron duilleag Facebook againn, cuiribh post-d gu info@ancomunn.co.uk no cuiribh fòn thugainn air 01463 709 705.

JUSTGIVING

Ma tha sibh airson taic a thoirt dhan obair againn agus tabhartas a thoirt seachad, faodaidh sibh sin a dhèanamh tron duilleag JustGiving againn.



BALLRACHD A' CHOMUINN

A bheil sibh n' ur ball den Chomunn Ghàidhealaich? Bidh buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh 50% air cosgaisean ticeadan a' Mhòid - 's e sàbhaladh mòr a tha seo dhuibh, gu h-àraidh ma bhios sibh a' frithealadh mòran thachartasan seachdain a' Mhòid.

Ma tha sibh airson ballrachd am bliadhna a phàigheadh no ma tha sibh airson ballrachd a thoirt a-mach tadhlaibh air:

www.ancomunn.co.uk

Ballrachd:

£15 (inbhich)

£5 (oileanaich)

VIRTUAL MOD

If you have any questions about the Virtual Mod, send us a private message via our Facebook page, email info@ancomunn.co.uk or call us on 01463 709 705.

JUSTGIVING

Should you wish to support the work of An Comunn Gàidhealach, please feel free to make a donation via our JustGiving page.

AN COMUNN GÀIDHEALACH
MEMBERSHIP

Are you a member of An Comunn Gàidhealach? All members of An Comunn Gàidhealach receive a discount of 50% on Mod tickets - that's a big saving, particularly if you hope to attend a number of Mod events during the course of the week.

To renew your membership or to become a member, please login or register via the following link:

<https://enter.ancomunn.co.uk/>

Membership

£15 (adults)

£5 (students)



COMHAIRLE NA GAIDHEALTACHD

Tha An Comunn Gàidhealach toilichte gu bheil Comhairle na Gaidhealtachd a' toirt taic dhan Mhòd Naiseanta Rìoghail Air-loidhne. Tha sinn air a bhith ag obair comhla riutha gus tachartas air leth a thoirt thugaibh air an oidhche mu dheireadh den Mhod Naiseanta Rìoghail Air-loidhne. Cumaibh suil air na meadhanan soisealta againn airson tuilleadh fiosrachadh!

THE HIGHLAND COUNCIL

An Comunn Gàidhealach is grateful to The Highland Council for supporting the Virtual Royal National Mod. We have been working closely with the Gaelic team at the Council in organising an event for the last night of the Virtual Mod. Stay tuned for more information!



**The Highland
Council**
**Comhairle na
Gàidhealtachd**

www.highland.gov.uk



Tha measgachadh de rudan ri cheannachd ma phàirt de bhathar Comataidh Ionadail Mòd Inbhir Nis 2020.


Cuiribh fios gu 01463 709 705 airson tuilleadh fiosrachadh.

<https://www.klasklothing.co.uk/products/group-club-shops/mod-inbhir-nis-2020>

There is a wide range of merchandise available to buy from the Inverness Mod 2020 Local Organising Committee. These will now be collector's items, so don't miss out!

Please call 01463 709 705 or click on the following link to view the available items:

<https://www.klasklothing.co.uk/products/group-club-shops/mod-inbhir-nis-2020>



BOBBLE BEANIE



£14.70

Bobble Beanie

MORE DETAILS »

DRAWSTRING BAG



£9.70

Drawstring Bag

MORE DETAILS »

GLENMUIR 1/4 ZIP JUMPER



£54.00

1/4 Zip Jumper

MORE DETAILS »

GLENMUIR POLO



£33.80

Glenmuir Polo

MORE DETAILS »

**#cleachdi
aigantaigh**

BÀRD A' CHOMUINN

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

A chàirdean agus a bhanachàirdean còire. Nach tig sibh a chèilidh oirnn aig Taigh nam Bàird air oidhche Dhiciadain 14 Dàmhair aig 5f. Tha Taigh nam Bàird mar phàirt dheth Latha Litreachais a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail 2020 Air-Loidhne. Bidh ceathrar bhàird a' tighinn còmhla le còmhradh tarraingeach eadarra air bàrdachd san fharsaingeachd, agus bidh sinn a' taisbeanadh taghadh de na dàin agus òrain againn.

Bidh mi fhìn, mar Bhàrd a' Chomuinn, nam Bhean an taighe, agus tha triùir bhàrd eile còmhla rium: Eòghan Stiùbhart, Marion F NicIlleMhoire agus Marcas Mac an Tuairneir. 'S e tachartas sònraichte airson càirdean na bàrdachd a bhios againn, air a chur an cois le taic bhon A' Chomuinn Ghàidhealach, Comhairle nan Leabhraichean agus Bòrd na Gàidhlig. Bidh e ri fhaicinn air seanalan YouTube agus duilleagan Facebook A' Chomuinn Ghàidhealaich agus Comhairle nan Leabhraichean. Bidh fàilte chridheil oirbh!

Tha dà thachartas eile romham cuideachd, san t-Samhain, rè Seachdain Leabhraichean na h-Alba. 'S e a' chiad fhear Còmhradh Cruthachail aig Oilthigh Ghlaschu air Diluain 16 Dàmhair; agus an dàrna fear coinneamh agus còmhradh eadar mi fhìn agus Gillebride Mac'Illemaoil, fo sgèith Fèis Leabhraichean Uibhist, air Dihaoine 20 Dàmhair. Nach cuir sibh san leabhar-làtha agaibh iad! Gheibh sibh barrachd fiosrachadh air làrach-lìn A' Chomuinn Ghàidhealaich agus Comhairle nan Leabhraichean, agus air an làrach-lìn agam fhìn.

Tha mi cuideachd air a bhith trang ag obair gus crìoch a chuir air a' chruinneachadh bàrdachd ùr agam, air a bheil An Seachdamh Tonn. Tha e deiseil a nis! - Tha mi a' dèanamh fiughair mhòr ri fhaicinn ann an clò ann an ùine nach bi ro fhada.

Seo gu h-ìosal dhuibh dàn agus òran a nochd san leabhar agam Crotal Ruadh (Acair 2016 agus 2019).

Sgrìobh mi e dha mo mhàthair nach maireann, a chaochail aig toiseach an Dàmhair o chionn còig bliadhna deug. Tha mi air clàradh ùr den òran a dhèanamh mar chuimhneachan oirre, agus dh'fhaodadh sibh èisteachd ris air an làrach-lìn agam, agus air an duilleag Facebook: alexandra.jones.12327/

Gealach an Abachaidh

Thig na ràithean mun cuairt, mar ghluasad na cuidhle,

Cinnidh a' ghealach 's cha diùlt i dhol crìon;
Tràghaidh na tuinn is lionaidh an t-sùmainn,
Ach ciamar a dh'èireas nam anam-s' a' ghrìan?

Bha gealach an abachaidh òr air an oidhch' ud,
Bàn-bhuidhe, lainnearach, leantainn a tràth;
Thog i do spiorad le a soilleireachd mhaiseach.
Ach b' e gealach an abachaidh manadh do bhàis.

O mo mhàthair, tha mise gun fhaochadh as d' aonais,
'S mi fhathast cho fàsail, cho falamh, 's cho faoin;
Ach cha b' è do mhiann's gum bithinn ro fhada
Gun aotromachd 's aighear, gun sheòl is gun stiùir.

Ged cho beòthail 's a bha thu, bha d' imeachd a'
dlùthadh;
Ach tha sgeul againn fhathast ri fhisge 's ri inns'.
Till thugam, mo mhàthair, nuair thilleas a' ghealach
ud,
'S chan fhaigh a chaoidh pailteas ar còmhradh a'
chrìoch.

Seo dhuibh dealbh eile à Uibhist a Deas: machair Fhròboist fo ghealach an t-samhradh.

Cùmaibh slàn agus sàbhailte, sna làithean seo a tha fhathast duilich dhuinn uile.

Beannachdan cridheil.
Sandaidh

Gheibh sibh barrachd fios air an làrach-lìn agam:
<https://sandynicdhomhnailljones.com/>



BÀRD A' CHOMUINN

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Dear Friends. Please join us at 5pm on Wednesday evening, 14 October, for The Poets' House, to celebrate 'Literature Day' at the Virtual Royal National Mòd 2020. Four Gaelic poets will have a lively discussion about poetry and our writing work and we will be showcasing a selection of our poems and songs.

As the current Bàrd a' Chomuinn, Gaelic crowned bard, I will be welcoming three fellow poets: Eòghan Stewart, Marion F Morrison and Mark Turner. It will be a special event of ours for poetry-lovers, and it is supported by An Comunn Gàidhealach, The Gaelic Books Council and Bòrd na Gàidhlig. You will be able to find it on the YouTube channels and Facebook pages of An Comunn Gàidhealach and The Gaelic Books Council. We look forward to your company - do join us for a warm welcome!

I have two further events coming up in November, during Book Week Scotland. The first is Creative Conversations at Glasgow University, on Monday 16 November; and the second is a meeting and conversation between Gillebrìde Mac'Illemaoill and I on Friday 20 November, under the auspices of the Uist Book Festival. Do put these events in your diary! There will be more news about them on the websites of An Comunn Gàidhealach and The Gaelic Books Council, and on my own website.

I have also been very busily occupied in completing my new Gaelic poetry collection, titled The Seventh Wave. It is finished now! I am greatly looking forward to seeing it published before too long.

Here, below, is a poem and song which appeared in my book Red Lichen (Acair, 2016 and 2019). I wrote it for my late mother, who passed away fifteen years ago at the beginning of October. I have made a new recording of the song, as a commemorative tribute to her, and you can listen to it on my website or on my Facebook page: alexandra.jones.12327/

#cleachdi
aigantaigh🏠

Harvest Moon

The seasons come around like the turning of the
wheel,
The moon waxes and wanes without fail;
The waves ebb and the tides rise again,
But how can the sun rise in my soul?

The harvest moon was golden that night,
Fair yellow, sparkling, obeying its appointed time;
It lifted your spirits with its beautiful brightness.
But that harvest moon was a portent of your death.

O my mother, I am without solace in your absence,
And still so desolate, so empty, so lost;
Yet you would not have wished me too long devoid
Of lightheartedness, happiness, energy, purpose.

Animation was your very essence, though your
passing was near;
And yet we still have so many stories to interweave
and to tell.
Come to me again, mother, at the harvest moon's
return,
And the richness of our discourse will know no end.

Here is another image from South Uist: the Frobost machair under summer moonlight.

Keep safe and well, in these still very difficult times for us all.

Warm good wishes as ever.
Sandy

There is more information on my website:
<https://sandynicdhomhnailjones.com/>



RIAGHALTAS NA H-ALBA

Tha An Comunn Gàidhealach toilichte gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic dhan Mhòd Nàiseanta Rioghail Air-loidhne.

www.gov.scot

THE SCOTTISH GOVERNMENT

An Comunn Gaidhealach is pleased to have the Scottish Government supporting the Virtual Royal National Mod.

We are grateful for their continued support to the organisation.



**The Scottish
Government**
Riaghaltas na h-Alba

www.gov.scot

CAGAR

Tha am Mòd Nàiseanta Rìoghail agus Watercolour Music a' tabhann dhuibh Highland Whispers - Cagar, ciad sealladh air pròiseact ealain tur ùr a thàinig gu bith air Ghàidhealtachd rè a' ghlasadh-sluaigh.

Tha còignear luchd-ealain bho shaoghalan fotografachd, ceòl, meadhanan measgaichte, bàrdachd agus ealan finealta air a bhi cleasachd le riochd aig astar dhe na seann chur-seachadan Chinese Whispers agus Consequences, airson sreathan ealain a chruthachadh a' togail air obair càch a chèile agus air cuspair nam Fairichidhean - Fradharc, Claisneachd, Blas, Fàile agus Beantainneas.

Ann an saoghal glaiste COVID-19, chrìon ar fairichidhean an easbhaidh no dh' fhàs iad ro-gheur - cha b' e beir air làimh ach an nighe a-mhàin; seallaidhean is ceòl nàdair tuilleadh is beò do dhaoine ris an eacarsaich 'ceadaichte'; ionndrainn air fàileadh cùbhraidh luchd-dàimh ann an caidreabh gaolach; blas milis àran-sòda air a dhèanamh airson a' chiad turais.

Gach là-seachdaineach bho Dhiluain aig 1f, libhrigidh Màiri Anna NicUalraig fiolm goirid air-loidhne ann an Cagar, a' toirt thugaibh an luchd-ealain agus an cuid obrach tro aon dhe na Fairichidhean ann an cuartag bhiortach timchioll air gach ceum de thaisbeanadh Highland Whispers.

Tachraibh ris an luchd-ealain - Alex Boyd (fotografachd), Toria Caine (meadhanan measgaichte), Pádraig Ó Tuama (bàrdachd) Anna Raven (ealan finealta) agus Nick Turner (ceòl) - agus èisdibh ri iomradh air an cuid obrach agus air am beachdan air cruthachas ann an saoghal atharraichte.

Thèid na fiolmaichean goirid airson Cagar a libhrigeadh ann an Gàidhlig, agus bidh riochd cuideachd ann le fo-thiotalan. Tha Highland Whispers a' toirt taing chridheil do dh'Alba Chruthachail airson an cuid taic.



Donate to
An Comunn
Gaidhealach

HIGHLAND WHISPERS

The Royal National Mòd and Watercolour Music presents Highland Whispers - Cagar, a first glimpse of a unique arts project born in the Highlands during lockdown.


Five artists from the worlds of photography, music, mixed media, poetry and fine art have been playing a remote version of the parlour games of Chinese Whispers and Consequences to create a series of reponses to each others' work and to the theme of the Senses - Touch, Sight, Hearing, Smell and Taste.

In the world of COVID-19 lockdown, our human senses were by turns deprived or hyper-sensitised - no holding hands, just washing them; a super-awareness of the sights and sounds of nature in the 'permitted' exercise; no drinking in the familiar smell of a loved one in a hug of greeting; the flavours of the new-found skill in baking soda bread.

Each weekday from Monday at 1pm, musician and broadcaster Mary Ann Kennedy will present a short film online in Cagar, introducing the artists and their work through one of the Senses in a virtual wander round the Highland Whispers exhibition as it develops.

Meet the artists - Alex Boyd (photography), Toria Caine (mixed media), Pádraig Ó Tuama (poetry) Anna Raven (fine art) and Nick Turner (music) - and hear about their work and their reflections on creating in an altered world.

The lunchtime Cagar short films will be presented in Gaelic, with a subtitled version also available. Highland Whispers gratefully acknowledges the support of Creative Scotland.





Tha Aileag an dòchas prògram sònraichte a bhith againn aig àm a' Mhòid san Damhair.

Ma tha ur cuid chloinne air bhideo a chuir a-steach agus deònach bruidhinn rinn mu dheidhinn, cuiribh fios thugainn - faodaidh sibh fònadh thugainn air 08000 96 70 50 no post-d a chuir gu aileagebbc.co.uk

We hope to broadcast a special Aileag programme during the Virtual Mod in October.

If your child has submitted a video for the Virtual Mod and if they would be willing to speak to us, you can call us on 08000 96 70 50 or email aileagebbc.co.uk



#cleachdi
aigantaigh 

DUAISEAN GAIDHLIG NA H-ALBA 2020

A bheil sibh eòlach air neach sònraichte a th' air sàr obair a dhèanamh airson na Gàidhlig am-bliadhna?

Tha Bòrd na Gàidhlig toilichte a ràdh gu bheil tagraidhean a-nis fosgailte airson Na Duaisean Gàidhlig 2020!

Thèid na Duaisean a chumail air Dimàirt 15 Dùbhlachd le cuirm bhiortail air a stiùireadh le bean an taighe, Cathy NicDhòmhnaill.

Cuiribh na molaidhean agaibh a-staigh ro Dihaoine 23 Dàmhair.

<https://www.scottishgaelicawards.co.uk/gaelic/>

SCOTTISH GAELIC AWARDS 2020

Do you know someone who has made an outstanding contribution to the Gaelic language and culture this year?

Bòrd na Gàidhlig are delighted to announce that nominations are now open for the Gaelic Awards 2020!

The Awards will take place on Tuesday 15th December with a virtual ceremony hosted by Cathy MacDonald. Submit your nominations by Friday 23 October.

<https://www.scottishgaelicawards.co.uk/gaelic/>



Scottish Gaelic Awards
Duaisean Gàidhlig
Na h-Alba 2020

Bòrd na Gàidhlig Daily Record

Cuir moladh a-steach ro 23.10.20

scottishgaelicawards.co.uk
#GaelicAwards
#DuaiseanGaidhlig

HITE Highland and Islands Enterprise
Caledonian MacBrayne
UNIVERSITY OF THE WEST OF SCOTLAND



Scottish Gaelic Awards
Duaisean Gàidhlig
Na h-Alba 2020

Bòrd na Gàidhlig Daily Record

Nominate by 23.10.20

scottishgaelicawards.co.uk
#GaelicAwards
#DuaiseanGaidhlig

HITE Highland and Islands Enterprise
Caledonian MacBrayne
UNIVERSITY OF THE WEST OF SCOTLAND

#cleachdi
aigantaigh



Fèis Air Loidhne



8 seachdainean de Chlasaichean-chiùil sa Ghàidhlig

8 weeks of Gaelic Medium Music Classes

** <https://feisean.eventbrite.co.uk> **

Àrd-sgoil High School

Puirt tunes

Eòghainn MacEunraig

Diluain Monday

16:45 - 17:45 **£60**

Bun-sgoil Primary School

Fìdeag whistle

Anndra Mac a' Phearsain

Dimàirt Tuesday £40

Beginner : 15:45 - 16:25

Intermediate : 16:30 - 17:10

Seinn singing for learners

Josie Duncan

Diardaoin Thursday

16:45 - 17:45 **£22.50**

1, 18, 15 an Dàmhair October

Seinn singing

Màiri Anna NicUalraig

Diciadain Wednesday £40

Class 1-3 : 15:45 - 16:25

Class 4-7 : 16:30 - 17:10

Ceòl-Taice

accompaniment

Ingrid NicEanraig

Diardaoin Thursday

17:00 - 18:00 **£60**

Fìdheall fiddle

Chloë Bryce

Diardaoin Thursday £40

Intermediate : 15:45 - 16:25

Bogsa-Ciùil accordion

Dihaoine Friday £40

Beginners : 15:45 - 16:25

Intermediate : 16:30 - 17:10



#cleachdi
aigantaigh





Dèan TikTok sa Ghàidhlig
Tag **@sabhalmorostaig** is cleachd na hashtags

#Gàidhlig **#SabhalMòrOstaig**
#ThaGàidhligBeò



SABHAL
MÒR OSTAIG
Ionad Nàiseanta Cànain is Cultar na Gàidhlig

**Dèan TikTok sa Ghàidhlig airson cothrom Bluetooth Speaker a bhuannachadh!
Make a Gaelic TikTok for a chance to win a Bluetooth Speaker!!**

**Tha e an urra riut fhèin... comadaidh, dannsa, òran, còmhradh no rud sam bith a thogras tu fhèin! Cleachd a' Ghàidhlig ann an dòigh chruthachail!
Tha an fharpais fosgailte do dh'oileanaich an t-Sabhail a tha air an làraich agus oileanaich air astar cuideachd. Direach dèan tag air @sabhalmorostaig. AGUS cleachdaibh na hashtags #Gàidhlig, #SabhalMòrOstaig agus #ThaGàidhligBeò gus pàirt a ghabhail.**

Comedy, dance, songs, recipes, chat.... whatever you fancy! Here is YOUR opportunity to get creative and use Gaelic! **The competition is open to ALL Sabhal Mòr Ostaig students, on campus and through distance learning. All you have to do to enter is to tag @sabhalmorostaig AND use the hashtags #Gàidhlig, #SabhalMòrOstaig #ThaGàidhligBeò.

COMHAIRLE NAN LEABHRAICHEAN

Abair gun robh spòrs againn aig
#NaDuaiseanLitreachais bho chionn ghoirid! Ma
chaille sibh an tachartas faodaidh sibh a choimhead a-
rithist an seo!

Catch up on the **#Gaelic Literature Awards** online
event here:

[https://www.youtube.com/watch?
v=8AIIgMiGylE&fbclid=IwAR2B_ITj6PGkUK4to5oV
ML7t0cXMA6bi9Vr2fy-dPQqcHHIH-EOZCmqoQbs](https://www.youtube.com/watch?v=8AIIgMiGylE&fbclid=IwAR2B_ITj6PGkUK4to5oVML7t0cXMA6bi9Vr2fy-dPQqcHHIH-EOZCmqoQbs)





We had great fun recently doing Leugh is Seinn le
Linda via video with children aged P1-3 from 10
different schools!

In keeping with the current COVID-19 guidelines for
schools, the children recited the words of the songs
rather than singing them.

#cleachdi
aigantaigh🏠

GAELIC BOOKS COUNCIL



Abair spòrs a bh' againn bho chionn ghoirid a'
dèanamh Leugh is Seinn le Linda thairis air gairm
bhidio le clann bho P1-3 ann an 10 sgoiltean!

Airson cumail leis na riaghailtean ùra COVID-19 a
tha sna sgoiltean an-dràsta, bha a' chlann ag aithris
faclan nan òran seach a bhith a' seinn.

WWW.GAELICBOOKS.ORG

ACAIR

Chan eil mòran teadaidhean air fhàgail, ma tha sibh ag iarraidh fear, feumaidh sibh a bhith luath! (Tiodhlac Nollaig air leth!) Tha deich dathan, cruthan agus àireamhan air an teadaidh. Tha sinn gan sgaoileadh air feadh an t-saoghail. Siuthad sibh!

[https://www.acairbooks.com/categories/the-gaelic-teddy/babog-the-gaelic-teddy-\(1\)/babog-the-gaelic-teddy-\(1\).aspx?](https://www.acairbooks.com/categories/the-gaelic-teddy/babog-the-gaelic-teddy-(1)/babog-the-gaelic-teddy-(1).aspx?fbclid=IwAR3SSlg6qxNEiEBMVop0tzdLuJtgoa0rKgoHHe60QanOnyapwnRI1gmZLpY)

[fbclid=IwAR3SSlg6qxNEiEBMVop0tzdLuJtgoa0rKgoHHe60QanOnyapwnRI1gmZLpY](https://www.acairbooks.com/categories/the-gaelic-teddy/babog-the-gaelic-teddy-(1)/babog-the-gaelic-teddy-(1).aspx?fbclid=IwAR3SSlg6qxNEiEBMVop0tzdLuJtgoa0rKgoHHe60QanOnyapwnRI1gmZLpY)

There aren't many teddies left- take advantage if you'd like one! (Good Christmas present!) The speaking teddy gives ten colours, shapes and numbers.

We ship worldwide.

Quick!:

[https://www.acairbooks.com/categories/the-gaelic-teddy/babog-the-gaelic-teddy-\(1\)/babog-the-gaelic-teddy-\(1\).aspx?](https://www.acairbooks.com/categories/the-gaelic-teddy/babog-the-gaelic-teddy-(1)/babog-the-gaelic-teddy-(1).aspx?fbclid=IwAR3SSlg6qxNEiEBMVop0tzdLuJtgoa0rKgoHHe60QanOnyapwnRI1gmZLpY)

[fbclid=IwAR3SSlg6qxNEiEBMVop0tzdLuJtgoa0rKgoHHe60QanOnyapwnRI1gmZLpY](https://www.acairbooks.com/categories/the-gaelic-teddy/babog-the-gaelic-teddy-(1)/babog-the-gaelic-teddy-(1).aspx?fbclid=IwAR3SSlg6qxNEiEBMVop0tzdLuJtgoa0rKgoHHe60QanOnyapwnRI1gmZLpY)



Nach toir sibh sùil air na leabhraichean-èisteachd aig Acair?
Tha a' chuid mhòr an-asgaidh!

<https://bit.ly/32JDr7a>

Why not have a look at Acair's audiobook selection?
Most of them are free:

<https://bit.ly/32JDr7a>

#cleachdi
aigantaigh🏠





<https://speechtherapyandgaelic.org>

This website and accompanying app offer Gaelic resources to use when working with children who have speech sound difficulties. This includes activities that target those sounds which occur in Gaelic but not English.

Lasadh

Goireasan dhaibhsan a tha a' teagasg tro mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil



Lìn-bheachdan airson Saidheans:

Inneal-taic airson saidheans a chur an lùib cuspair (Bun-sgoil)

Dè th' ann?
Chaidh na lìn a dhealbhadh mar inneal a chuidicheas le planadh cuspair, agus gu beachdachadh air mar a tha saidheans an lùib a' chuspair.

www.storlann.co.uk/stem

anseotal

Stòr-dàta Briathrachais Gàidhlig

Bliadhna sgoile ùr! Dùbhlain ùra! Ma tha briathrachas ùr a dhith oirbh, thoiribh sùil air 'An Seotal' aig:

www.anseotal.org.uk

**Lìn-bheachdan airson Saidheans:
Inneal-taic airson saidheans a chur an lùib cuspair (Bun-sgoil)**

**<http://anseotal.org.uk>
'S e stòr-dàta briathrachais a tha anns 'An Seotal' a tha ag amas gu sònraichte air cuspairean a tha gan teagasg tro mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil, ach fosgailte do luchd-cleachdaidh sam bith.**

<https://www.storlann.co.uk/stem/#idea-webs>

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh mu na goireasan a tha ri fhaighinn air duilleag Facebook Stòrlann:

<https://www.facebook.com/storlann/>

COMUNN NA GÀIDHLIG

Aois 12-18? An toil leat a' dol a-mach a' ruith, a' coiseachd, air a' bhaidhseagal no a' snàmh? Seo cothrom dhuibh adhartas pearsanta a chlàradh, coimhearsnachd a thogail is do chuid Ghàidhlig a chleachdadh air loidhne. Siuthadaibh - Gluais!

<https://www.strava.com/clubs/Gluais>
#cleachdi #cleachdiaigantaigh



Age 12-18? Like going out running, walking, hiking, cycling or swimming? Here's a chance to record your personal progress, share it and connect with other like-minded Gaelic speaking teens from all over Scotland.

Join our new Strava club 'Gluais!' today

Monthly events and challenges you can participate in from your local area, and, when coronavirus guidelines allow in the future, inter-district events and meet-ups!

Download the Strava app or join online here:

<https://www.strava.com/clubs/Gluais>
#cleachdi #cleachdiaigantaigh



#cleachdi
aigantaigh🏠

COMUNN NA GÀIDHLIG

Rudeigin ri dhèanamh fhad 's a tha an t-uisge ann!
Beagan fealla-dhà!

Something to get up to while it's raining! Just for a bit of fun!

Mad libs

anns a' Ghàidhlig!

Cruthaich sgeulachd èibhinn agad fhèin!
Create your own funny story!

Air a' chroit

Tha tòrr diofar sheòrsa (*ainmear/noun*) (*buadhair/adjective*) a bhios (*gnìomhair/verb*) air a' chroit. Mar eisimpleir, (*ainmear iolra*) agus (*ainmear iolra*) a bhios (*gnìomhair*) (*ainmear*). Feumaidh iad (*ainmear*) nuair a tha e (*buadhair*) agus nuair a tha (*ainmear*) ann. Tha (*ainmear iolra*) ann cuideachd, a bhios (*gnìomhair*) (*ainmear iolra*) gach latha. Feumaidh tu (*gnìomhair*) na (*ainmear*), no bidh iad a' fàs (*buadhair*) agus (*buadhair*).

#cleachdi
aigantaigh🏠



#cleachdi
aigantaigh🏠





An còrdadh e ribh dùrachd co-là-breith fhaighinn air CBeebies ALBA?

Tha sinn a' coimhead airson dùrachdan co-là-breith don fheadhainn bheaga agaibh a tha eadar 1 agus 7 bliadhna a dh'aois.

Nan còrdadh e ribh dùrachd a chur thuca, bhiodh e sgoinneil cluinntinn bhuairbh! Cuiribh post-d gu clann@bbc.co.uk leis an fhiosrachadh a leanas: ainm agus co-là-breith.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri cluinntinn bhuairbh!



Would you like to give your child a birthday shout-out on CBeebies ALBA?

We're looking for birthday shout-outs for children between the ages of 1 and 7 years old.

If you would like your child's birthday mentioned, please send an email to clann@bbc.co.uk with the following information: your child's name and their date of birth.

We look forward to hearing from you!



#cleachdi
aigantaigh 

Coròna-bhìoras



Cuir casg air!



Nigh do làmhann
tric le siabann



Fuirich 2m bho
dhaoinne eile



Cuir ort masg ma
tha cnatan no
casadaich ort



Cuir nèapraigear pàipeir
mud bheul nuair a tha
thu a' dèanamh casad no
sreothart



Cuir fios chun an
dotair mura fàs
thu nas fheàrr

#cleachdi
aigantaigh🏠

OIFIS INBHIR NIS

Àrd-oifigear: *Seumas Greumach*

Oifigear a' Mhòid: *Seonag Anderson*

An Comunn Gàidhealach
Taigh Bhaile an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR

Fòn: 01463 709 705

Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

OIFIS STEÒRNABHAIGH

Rùnaire a' Chomuinn: *Peigi NicIllinnein*

Oifigear a' Mhòid: *Marina NicAoidh*
(pàirt-ùine)

An Comunn Gàidhealach
Aonad 7a
7 Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN

Fòn: 01851 703 487

Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

